

Gu Pàrantan is Luchd-obrach

Bun-Sgoil RC a' Ghearastain  
Rathad Fassifern  
AN GEARASTAN  
PH33 6BD

**Stiùiriche an Fhoghlaim, a' Chultair is Spòrs:  
Mgr Uisdean Friseal**

Airson fiosrachadh : Laurence Young

Post-d: Laurence.young@highland.gov.uk

D' àireamh-sa:

An Àireamh againne :

LY/

Ceann-là:

A Charaid no Bhana-charaid Chòir

## **MOLADH AIRSON SGOIL CHOISRIGTE GHÀIDHLIG A LEASACHADH DHA SGÌRE A' GHEARASTAIN**

Tha agam ri innse dhuibh gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd air pàipear co-chomhairleachaidh fhoillseachadh (lethbhreac an cois seo) co-cheangailte ris a' mholadh gu h-àird.

Mar phàrant pàiste air am faodadh am moladh buaidh a thoirt aig a' cheart àm no aig àm ri teachd tha cuireadh ga thoirt dhuibh a bhith an làthair aig coinneamh le riochdairean bho Comhairle na Gàidhealtachd airson beachdachadh air a' bhuaidh sin. Tha uair, ceann-là is àite na coinneimh sgrìobhte gu h-ìosal.

Uair : 7:00 f

Ceann-là: 25 Sultain 2008

Àite: Talla Bun-sgoil RC a' Ghearastain

Tha cuireadh ga thoirt dhuibh cuideachd beachdan sam bith a th' agaibh air a' phàipear co-chomhairleachaidh a chur ann an sgrìobhadh Gu Manaidsear Foghlaim, Cultair is Spòrs na Roinne, Oifis an Fhoghlaim, a' Chultair is Spòrs, Ostail Camaghael, Camaghael, An Gearastan, PH33 7NE, ro **10 Dàmhair 2008**.

Ma tha sibh airson lethbhreac Gàidhlig den phàipear co-chomhairleachaidh fhaighinn cuiribh fios gu Oifis an Fhoghlaim, a' Chultair & Spòrs, Camaghael, An Gearastan (Fòn: 01397 707350).

Le dùrachd

Laurence Young

**ÀRD OIFIGEAR AN FHOGLHAIM**

Seirbheis an Fhoghlaim, a' Chultair & Spòrs